

GAIRM PHÀIPEARAN

Rannsachadh na Gàidhlig 10

Oilthigh Dhùn Èideann

28-30 Lùnastal 2018

'S e co-labhairt sgoilearach a thèid a chumail gach dàrna bliadhna a tha ann an Rannsachadh na Gàidhlig. Chaidh an sreath cho-labhairtean seo a stèidheachadh anns a' bhliadhna 2000 gus gach seòrsa rannsachaidh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, agus cleachdadh na Gàidhlig ann an rannsachadh, adhartachadh. Thèid a' cho-labhairt a chumail aig Oilthigh Dhùn Èideann eadar 28 agus 30 Ògmhios 2018.

Cuirear fàilte air tagraidhean phàipearan-rannsachaidh agus phostairean air cuspair sgoilearach sam bith a bhuineas dhan a' Ghàidhlig, a' gabhail a-steach litreachas (beul-aithriseach is sgrìobhte), dualchas òrain agus ciùil, eachdraidh, ainmean-àite, cànanachas, sòcio-chànanachas, foghlam, poileasaidh cànan, eòlas nam meadhanan, poileataigs, poileasaidh sòisealta, eaconomachd agus eile. Cuirear fàilte cuideachd air rannsachadh coimeasach, gu h-àraidh taisbeanaidhean a' gabhail a-steach a' Ghaeilge no a' Ghàidhlig Mhanainneach, anns a bheil a' Ghàidhlig Albannach na pàirt. Cuirear fàilte air molaidhean airson phanailean de thaisbeanaidhean (suas ri trì taisbeanaidhean anns gach panail). Faodar Gàidhlig no Beurla a chleachdadh an dà chuid ann an tagraidhean agus ann am pàipearan/taisbeanaidhean aig a' cho-labhairt-fhèin.

Thathas an dùil ri pàipearan-rannsachaidh 20 mionaid de dh'fhaid, le ùine a bharrachd airson deasbaid, ann an seiseanan fa leth. Thathas cuideachd an dùil ri seiseanan phostairean a chur air dòigh. Cuirear fàilte air tagraidhean phàipearan-rannsachaidh agus molaidhean phanailean ann an geàrr-chunntas de 300 facal, agus air tagraidhean phostairean ann an geàrr-chunntas de 150 facal. Bu chòir do thagraidhean a bhith a-staigh ro 31 Faoilleach 2018. Bu chòir tagraidhean a chur chun an t-seòlaidh puist-dealain seo: rnag_2018@ed.ac.uk

<https://www.ed.ac.uk/literatures-languages-cultures/celtic-scottish-studies/conf/rannsachadh-na-gaidhlig>

CALL FOR PAPERS

Rannsachadh na Gàidhlig 10

The University of Edinburgh

28-30 August 2018

Rannsachadh na Gàidhlig is a biennial academic conference series established in 2000 to promote research on any and all topics related to Gaelic as well as to promote research through the medium of Gaelic. The conference will be held at the University of Edinburgh on 28-30 August 2018.

We welcome the submission of abstracts for research papers and for posters on any area of scholarship relating to Gaelic, including literature (oral and written), song and musical traditions, history, onomastics, linguistics, sociolinguistics, education, language policy, media studies, politics, social policy, economics, and so forth . Comparative research, particularly involving Irish or Manx, with a Scottish Gaelic component is also welcome. We also welcome proposals for panels of presentations (up to three presentations in each panel).

Abstracts may be submitted, and presentations may be made, in Gaelic or English.

Papers of 20 minutes duration, with additional time for discussion, will be run in parallel sessions. There will also be sessions set aside for posters.

Proposals for papers and panels in the form of abstracts of up to 300 words, and proposals for posters in the form of abstracts of up to 150 words, should be submitted by 31 January 2018. Proposals should be sent to: rnag_2018@ed.ac.uk

<https://www.ed.ac.uk/literatures-languages-cultures/celtic-scottish-studies/conf/rannsachadh-na-gaidhlig-2018>